

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

G

1220/402

Total

--

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

WEDNESDAY, 28 MAY
9.55 AM-10.35 AM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Leughadh

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

--

Town

--

Forename(s)

--

Surname

--

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

--

Leugh gach earrann gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.

Tha Earrann A agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.

Tha Earrann B agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.



EARRANN A

Leig Anna osna aiste is choimhead i a-mach air an uinneig mus do tharraing i na cùirtearan. 'S e an t-àite a bha air atharrachadh bhon a thàinig i fhèin agus Uilleam ann ro àm a' chogaidh.

Shuidh i a-rithist agus thug i sùil air a' chleoc. Bha e ochd uairean. Cha robh Eilidh a' dol a thighinn idir, ach is dòcha gun robh sin a cheart cho math. 'S e creutair laghach, coibhneil a bha ann an Eilidh, làn de naidheachdan a' bhaile ach bha Anna a' faireachdainn caran sgèth air a son a-nochd.

Nam biodh na nàbaidhean nas fheàrr. Dh'fhalbh an t-seann fheadhainn agus 's ann glè neònach a bha cuid den fheadhainn a thàinig nan àite.

Bha i gu h-àraidh ag ionndrainn Mrs Gray. Bhiodh i cho sùndach, aighearrach an còmhnaidh agus thigeadh i anns a' mhadainn a dh'èigheach ri Anna a dhol a-staigh airson cupa tì. Ach fhuair an duine aice obair ann an Sasainn. Cha robh fhios cò ris a bha an fheadhainn a thàinig na h-àite coltach. Chan fhaca Anna fhathast ach nighean, tè mu sheachd bliadhna deug a dh'aois. Bha coltas laghach gu leòr oirre ach bha aodach neònach òigridh an latha an-diugh oirre.

Dè bha siud? Chuala i rudeigin mun doras. Dh'fhosgail Anna an doras air a socair agus chunnaic i an dearbh nighean. Bha i a' coimhead gu math troimh-chèile agus i a' caoineadh gu goirt.

Thionndaidh i air falbh an uair a dh'fhairich i Anna agus bha i a' dol a ghabhail sìos an staidhre an uair a bhruidhinn Anna rithe.

CEISTEAN

1. Dè bha Anna a' dèanamh nuair a leig i osna aiste?

2

2. Carson a leig i osna aiste?

Bha droch oidhche ann	
Bha an t-àite air atharrachadh	
Bha i a' feitheamh ris an duine aice	

1

3. Cuin a thàinig i fhèin is an duine aice a dh'fhuireach dhan àite?

_____ 1

4. Cò ris a bha Eilidh coltach?

_____ 3

5. Dè an t-atharrachadh a bha air tighinn air an àite o chionn ghoirid?

_____ 3

6. Dè beachd Anna air Mrs Gray?

_____ 2

7. Dè bhiodh i a' dèanamh anns a' mhadainn?

_____ 2

8. Carson a dh'fhalbh Mrs Gray?

Fhuair i obair ùr ann an Sasainn	
Fhuair i taigh ùr anns a' bhaile	
Fhuair an duine aice obair ùr ann an Sasainn	

1

[Tha ceist 9 agus 10 air duilleag a ceithir

9. Innis cò ris a bha nighean an teaghlaich ùir coltach.

3

10. Dè an staid anns an robh an nighean nuair a nochd i aig an doras?

2

(20)

[Tha Earrann B air duilleagan 5, 6 agus 7

EARRANN B

Thòisich an nighean air bruidhinn gu slaodach. “Chaidh...chaidh an teaghlach uile a-mach a choimhead air càrdean agus bha mise a’ dol a choinneachadh ri Seòras agus dhiochuimhnich mi m’ iuchair a thoirt leam...” Bha an caoineadh ga tachdadh agus dh’aithnich Anna gun robh barrachd is sin a’ cur dragh oirre.

“Thig thusa a-steach còmhla riumsa. Nì mi cupa tì agus fairichidh tu nas fheàrr.

Bha seacaid leathair oirre agus bha an sgiorta aice ro ghoirid. Ach, chunnaic Anna gun robh aodann brèagha aice ged a bha a sùilean goirt leis a’ chaoineadh.

“S e Seòras a bh’ ann,” thuirt i agus na deòir a’ ruith sìos a h-aodann. “Choinnich e rium a-nochd agus dh’innis e dhomh gu bheil e a’ falbh le tè eile. Bha mi air seo a chluinntinn roimhe ach cha robh mi ag iarraidh a chreidsinn. Bha gaol agam air...” Thàinig na deòir a-rithist.

“Tha fhios agam mar a tha thu a’ faireachdainn,” thuirt Anna, a’ toirt cupa tì dhi. “Nach do thachair an aon rud dhomh fhèin. Bha mi den bheachd gun robh mi ann an saoghal eile nuair a thòisich mi fhìn is Tormod ri dhol a-mach còmhla. Bhithinn a’ smaoinneachadh air a h-uile mionaid den latha agus an uair a dhùisginn air an oidhche.” Thug Anna an aire gun robh an nighean a’ gabhail a-staigh a h-uile facal.

“Co-dhiù, beag air bheag, dh’atharraich gnothaichean eadarainn agus mu dheireadh thall, dh’innis e dhomh gun robh e a’ dol a phòsadh cuideigin eile. Dh’fhàg sin mi glè bhrònach agus bha mo chridhe gu bhith briste. Bha agam ri beatha ùr a dhèanamh dhomh fhèin, agus rè ùine, rinn mi sin.”

“Ach ciamar a fhuair sibh seachad air?” dh’fhaighnich an nighean, a’ sèideadh a sròine agus a’ suidhe suas beagan. Bha an tì is an còmhradh a’ dèanamh feum – bha sin follaiseach.

“Mar a bhios a h-uile boireannach a’ faighinn seachad air a leithid de bhriseadh-cridhe,” fhreagair Anna. “Dh’fhalbh mi a-mach agus cheannaich mi dreasa ùr!”

Thàinig gàire mòr air aodann na h-ìghne agus airson mionaid bheag, shaoil Anna gun robh sean is òg a’ tuigsinn a chèile gu h-iomlan!

CEISTEAN

1. Carson nach robh an nighean còmhla ris an teaghlach aice?

2

2. Carson nach robh e comasach dhith a dhol a-steach dhan taigh aice fhèin?

Bha an teaghlach air a dhol a chadal	
Cha robh iuchair aice	
Cha leigeadh an teaghlach a-steach i.	

1

3. Ged a bha e soilleir gun robh an nighean troimh-chèile mun seo, dè thuig Anna?

1

4. Ciamar a tha e follaiseach gun robh Anna deònach a cuideachadh?

3

5. Ciamar a bha an nighean air a sgeadachadh?

2

6. Dè an droch naidheachd a fhuair i an oidhche ud?

1

7. Carson a bha còir aice a bhith deiseil airson na naidheachd seo?

2

[Tha ceist 8, 9, 10 agus 11 air duilleag a seachd

Duilleag a sia

8. Ciamar a sheall Anna gun robh i ann an saoghal eile nuair a thòisich i fhèin is Tormod a' dol a-mach còmhla?

2

9. (a) Dè an droch bhuille a fhuair Anna?

1

- (b) Dè a' bhuidhe a bha aig sin air Anna?

2

10. Ciamar a fhuair Anna seachad air a briseadh-dùil?

1

11. Dè shaoil Anna airson mionaid bheag nuair a bha an sgeulachd seachad?

2

(20)**[40]**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

G

--

Total Mark

1220/406

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

WEDNESDAY, 28 MAY
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Èisteachd (Ceistean)

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

--

Town

--

Forename(s)

--

Surname

--

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

--

Tha dà earrann anns an deuchainn.

Earrann A

Èist ris an earrainn.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an dà phàirt, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Earrann B

Cluinnidh tu an earrann dà thuras.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



CEISTEAN**Earrann A****Pàirt I**

1. Cò tha a' bruidhinn ris an luchd-siubhail?

2

2. Dè tha air innse mun t-side?

1

3. Dè am fiosrachadh a chluinneas an luchd-siubhail an toiseach?

2

4. Dè tha fo na sèithrichean?

seacaidean blàth	
seacaidean sàbhailteachd	
criosan sàbhalaidh	

1

5. Cuin a bhitheadh a' gheòla air a cleachdadh?

2

6. Dè nach bu chòir dhan luchd-siubhail a dhèanamh?

2

Pàirt II

7. Càit am bi na creutairean rim faicinn?

faisg air tìr	
ri taobh a' chidhe	
ann an uisge domhainn	

1

8. Dè na trì creutairean a dh'fhaodadh iad fhaicinn?

3

9. Dè tha air innse mu na h-Eileanan Àrda?

2

10. Dè an ùine a bhitheas aca air tìr?

1

11. Cuin a tha an taigh-bìdh fosgailte?

1

12. Dè tha air innse mun bhiadh mara?

2**[20]****[Tionndaidh an duilleag**

Earrann B

1. Cia mheud eilean a tha ann?

1

2. (a) Càite an robh iad a' dol air tìr?

1

(b) Carson a bha iad a' dol air tìr air an eilean sin?

2

3. Dè tha air innse mu choltas an eilein sin?

2

4. Cuin a dh'fhàg na daoine mu dheireadh an t-eilean?

1

5. Carson a dh'fhàg iad?

2

6. Càite am bi daoine fhathast a' fuireach?

2

7. Dè tha air a ràdh mu staid nan taighean air an eilean?

1

8. (a) Dè nì iad air an t-slighe air ais?

1

(b) Dè tha aca air bòrd airson sin a dhèanamh?

2

9. Dè an dà thogalach air am faod iad tadhal?

2

10. Càite am faigh iad tiodhlacan?

1

11. Cuin a dh'fheumas luchd a' bhàta a bhith air ais?

2**(20)****[40]**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

1220/407

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

WEDNESDAY, 28 MAY
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Èisteachd (Earrann)

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately $2\frac{1}{2}$ minutes.)

EARRANN A

Tha buidheann de luchd-turais air cuairt-mara. Tha am bàta a' gluasad a-mach bhon a' chidhe 's iad a' cluinntinn seo:

Pàirt I

Fàilte oirbh air bòrd. Is mise an Caiptean Dòmhnall MacRath. Tha sinn an dòchas gun còrd an turas seo ribh air a' bhàta againn, *A' Mhaighdeann Gheal*. Tha fìor latha brèagha ann an-diugh agus tha e cho ciùin 's gu bheil am muir mar sgàthan.

Mus can mi an còrr mun turas, feumaidh mi iarraidh oirbh èisteachd gu cùramach ri fiosrachadh a thaobh sàbhailteachd fhad 's a bhitheas sinn a' seòladh. Fo na sèithrichean agaibh, chì sibh gu bheil seacaidean sàbhailteachd air an cumail. Bhitheadh e iomchaidh nan leughadh sibh an stiùireadh a tha sgrìobhte orra. Tha cuideachd geòla againn a chleachdas sinn ma bhitheas am bàta ann an suidheachadh èiginneach. A bharrachd air seo, dh'iarraim oirbh gun a bhith a' sreap air na rèilichean a tha air cliathaich a' bhàta.

Pàirt II

Tha sinn a-nise a' gluasad a-mach gu uisge nas doimhne. Chì sibh iomadh creutair anns a' mhuir ma choimheadas sibh mun cuairt gu faiceallach. A bharrachd air na ròin 's na leumadairean a tha cho pailt anns na h-uisgeachan seo, 's dòcha gum faic sibh cuideachd mucan-mara aig an àm seo den bhliadhna.

An-diugh, bidh sinn a' seòladh a-mach gu na h-Eileanan Àrda. Tha iad sin ceithir mìle deug a-mach bho thir-mòr. Tha sinn an dùil gun toir an turas a-mach chun nan eilean mu uair a thìde gu leth 's faodaidh sibh a dhol air tìr airson trì uairean a thìde nuair a ruigeas sinn. Ged nach eil duine a-nise a' fuireach air na h-eileanan seo ach airson pàirt den bhliadhna, tha taigh-bidh ann a tha fosgailte tro mhiosan an t-samhraidh. Gheibh sibh biadh mara ann a tha air ùr-glacadh le iasgairean às an sgìre seo fhèin.

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Parts I and II and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt I

Fàilte oirbh air bòrd. Is mise an Caiptean Dòmhnall MacRath. Tha sinn an dòchas gun còrd an turas seo ribh air a' bhàta againn, *A' Mhaighdeann Gheal*. Tha fìor latha brèagha ann an-diugh agus tha e cho ciùin 's gu bheil am muir mar sgàthan.

Mus can mi an còrr mun turas, feumaidh mi iarraidh oirbh èisteachd gu cùramach ri fiosrachadh a thaobh sàbhailteachd fhad 's a bhitheas sinn a' seòladh. Fo na sèithrichean agaibh, chì sibh gu bheil seacaidean sàbhailteachd air an cumail. Bhitheadh e iomchaidh nan leughadh sibh an stiùireadh a tha sgrìobhte orra. Tha cuideachd geòla againn a chleachdas sinn ma bhitheas am bàta ann an suidheachadh èiginneach. A bharrachd air seo, dh'iarraim oirbh gun a bhith a' sreap air na rèilichean a tha air cliathaich a' bhàta.

(10 seconds)

CEISTEAN

1. Cò tha a' bruidhinn ris an luchd-siubhail?
(30 seconds)
2. Dè tha air innse mun t-sìde?
(30 seconds)
3. Dè am fiosrachadh a chluinneas an luchd-siubhail an toiseach?
(30 seconds)
4. Dè tha fo na sèithrichean?
seacaidean blàth
seacaidean sàbhailteachd
criosan sàbhalaidd
(30 seconds)
5. Cuin a bhitheadh a' gheòla air a cleachdadh?
(30 seconds)
6. Dè nach bu chòir dhan luchd-siubhail a dhèanamh?
(30 seconds)

Pàirt II

Tha sinn a-nise a' gluasad a-mach gu uisge nas doimhne. Chì sibh iomadh creutair anns a' mhuir ma choimheadas sibh mun cuairt gu faiceallach. A bharrachd air na ròin 's na leumadairean a tha cho pailt anns na h-uisgeachan seo, 's dòcha gum faic sibh cuideachd mucan-mara aig an àm seo den bhliadhna.

An-diugh, bidh sinn a' seòladh a-mach gu na h-Eileanan Àrda. Tha iad sin ceithir mìle deug a-mach bho thir-mòr. Tha sinn an dùil gun toir an turas a-mach chun nan eilean mu uair a thìde gu leth 's faodaidh sibh a dhol air tìr airson trì uairean a thìde nuair a ruigeas sinn. Ged nach eil duine a-nise a' fuireach air na h-eileanan seo ach airson pàirt den bhliadhna, tha taigh-bidh ann a tha fosgailte tro mhìosan an t-samhraidh. Gheibh sibh biadh mara ann a tha air ùr-ghlacadh le iasgairean às an sgìre seo fhèin.

(10 seconds)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

7. Càit am bi na creutairean rim faicinn?

faisg air tìr

ri taobh a' chidhe

ann an uisge domhainn

(30 seconds)

8. Dè na trì creutairean a dh'fhaodadh iad fhaicinn?

(30 seconds)

9. Dè tha air innse mu na h-Eileanan Àrda?

(30 seconds)

10. Dè an ùine a bhitheas aca air tìr?

(30 seconds)

11. Cuin a tha an taigh-bìdh fosgailte?

(30 seconds)

12. Dè tha air innse mun bhiadh mara?

(30 seconds)

Passage B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately $2\frac{1}{2}$ minutes.)

EARRANN B

Tha am bàta, *A' Mhaighdeann Gheal*, a' tighinn faisg air a ceann-uidhe 's tha an Caiptean Dòmhnall MacRath ag innse barrachd mun àite.

Uile gu lèir, tha seachd eileanan a' tighinn fon ainm Na h-Eileanan Àrda. Tha sinn a-nise a' faighinn sealladh iongantach air Eilean nan Eun. Thèid sinn air tìr air an eilean sin a chionn gur e an t-eilean as motha agus an t-eilean air an robh an sluagh a' fuireach. Mar a chì sibh, tha iomadh tràigh bhrèagha air an eilean agus tha feur uaine ga chòmhdach.

Bha daoine a' fuireach air Eilean nan Eun suas gu trichead bliadhna air ais. Ach, mar a tha air tachairt air iomadh eilean air taobh an iar na h-Alba, cha b' e beatha fhurasta a bha aig an t-sluagh 's bha iad a' faireachdainn gun robh an t-eilean ro fhada bho thìr-mòr. A dh'aindeoin seo, tha ceangal fhathast aig na teaghlaichean a bha a' fuireach an seo ris an eilean. Bidh gu leòr dhiubh a' tilleadh a h-uile bliadhna airson ùine a chur seachad anns na taighean anns an deach an sinnsearan a thogail. Mar sin, chì sibh fhèin nuair a ruigeas sinn gu bheil na taighean a tha air an eilean air an deagh chumail.

Tha iasgach math timcheall nan eilean 's, ma mhaireas an t-side seo, feuchaidh sinn ri beagan iasgaich a dhèanamh air an t-slighe air ais. Tha slatan 's stuthan iasgaich gu leòr air bòrd airson a h-uile duine.

Tha e cairteal gu meadhan latha agus tha sinn a-nise a' seòladh a-steach gu Bàgh a' Bhaile. Nuair a thèid sibh air tìr, faodaidh sibh tadhal air an sgoil agus an eaglais anns an t-seann bhaile. Faodaidh sibh tiodhlacan a cheannach ann am bùth an eilein. Bidh am bàta a' falbh air ais gu tìr-mòr aig trì uairean agus feumaidh a h-uile duine a bhith air ais aig a' chidhe deich mionaidean ron sin. Tha mi an dòchas gun còrd an t-eilean ribh.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]